

## ROBBIE MACLEOD - ÒRAN 8

### Tìrean Ùr

'S dòcha gu bheil thu ceart, 's gu bheil an fhìrinn agad  
Tha sinn air ar fàs, tha na làithean ad seachad

Ràinig sin creag air an t-slighe' is chaidh sinn ar ath-chruthachadh  
Ar n'eachdraidh a cur gu bàs, beathannan ùr na h-àite

*Ach mas fàg thu, inns dhomh  
Am faic mi thu an tìrean ùr, o, am feith thu rium, mo ghràidh?  
Am faic mi thu an tìrean ùr, o, am feith thu rium, mo ghràidh?*

Le do chasan ruisgt', chuir thu beachd nam m' inntinn  
Air an rathad seo cugallach, àrd, dìreach càit an ruig sinn?

*Ach mas fàg thu, innis dhomh  
Am faic mi thu an tìrean ùr, o, am feith thu rium, mo ghràidh?  
Am faic mi thu an tìrean ùr, o, am feith thu rium, mo ghràidh?*

An tig thu tron choille? An tig thu gam shireadh?  
An tig thu tro na craobhan, thar a' chuain, bho 'n iar?

*Am faic mi thu an tìrean ùr, o, am feith thu rium, mo ghràidh?  
Am faic mi thu an tìrean ùr, o, am feith thu rium, mo ghràidh?*